

**Sgeama Co-ionannachd Gnè: Aithisg Bhliadhnail
agus Sgrùdadh**

An t-luchar 2010

Cùl-fhiosrachadh

Mar bhuidheann, 's e ar n-amas “Nàdar gu lèir do dh’Alba gu lèir.” Agus chan ann a-mhàin ann an eugsamhlachd nàdarra air feadh Alba a tha ùidh againn. Tha sinn cuideachd dealasach mu bhith a’ frithealadh muinntir Alba gu lèir, a’ brosnachadh a h-uile duine gu bhith a’ mealtainn agus a’ faighinn tlachd, a’ toirt an aire agus a’ faighinn a h-uile buannachd on t-saoghal nàdarra mun cuairt orra. Tha sin a’ ciallachadh gu bheil sinn airson ar dleastanas a choileanadh gus seirbheis phoblach a libhrigeadh a dh’aindeoin aois, creideamh, gnè, aomadh-gnè, ciorram bodhaig no inntinn no àite. Mar ùghdarras poblach, tha dleastanas reachdail air Dualchas Nàdair na h-Alba (SNH) cur às do chleachdadh lethbhreith sam bith agus bacadh a chur air sàrachadh agus aig an aon àm co-ionannachd chothroman a bhrosnachadh. Chan ann a-mhàin air cleachdaidhean taobh a-staigh a’ bhuidhinn a tha seo a’ bualadh; tha dleastanas oirnn smaoinichadh air feumalachdan gach duine sna coimhearsnachdan a choinnicheas sinn nar n-obair.

San Ògmhios 2007, dh’fhoillsich Dualchas Nàdair na h-Alba (SNH) a’ chiad Sgeama Co-ionannachd Gnè airson a dhol còmhla ris an Sgeama Co-ionannachd Cinnidh agus an Sgeama Co-ionannachd Ciorraim a bha aig SNH.

Sheall an Sgeama ar dealas a thaobh co-ionannachd gnè agus na bha sinn am beachd a dhèanamh airson a choileanadh thar trì bliadhna eadar 2007 agus 2010. Tha an aithisg bhliadhnail seo agus an sgrùdadh a’ toirt geàrr-iomradh air an adhartas a rinneadh san treas bliadhna dhen sgeama agus a’ sealltainn nam prìomh raointean obrach a tha romhainn.

Chuir an Sgioba Co-ionannachd agus Eugsamhlachd an gnìomh Plana Gnìomh Sgeama Co-ionannachd¹ gus adhartas a thomhas fa chomhair gach gnìomh comharraichte; tha gnìomhan eile a’ nochdadh ann cuideachd a chomharraich sinn mar thoradh air an sgrùdadh seo.

’S e an ath cheum Sgeama Co-ionannachd Shingilte a stèidheachadh. Bidh co-chomhairleachadh phoblach agus a-staigh ann air dreachd na sgeama còmhla ri buidhnean co-ionannachd, luchd-obrach agus buill dhen phoball gus bunait a stèidheachadh dhan sgeama.

¹ Ann am Pàipear-taice 1

Dè na prìomh nithean a choilean sinn sa bhliadhna a chaidh seachad?

1. B' e am prìomh amas a bh' againn mothachadh luchd-obrach a thogail tro 'Thaiseanaidhean Co-ionannachd agus Eugsamhlachd'; a' toirt stiùireadh do luchd-obrach air mar a dh'aithnicheas iad an dleastanas agus an còraichean a thaobh co-ionannachd. Bha na 'Taisbeanaidhean' ag amas air tuigse mun dleastanas chudromach seo san roinn phoblach a shoilleireachadh, a bhrosnachadh agus a leasachadh; ar dleastanas a bhith a' nochdadh fheumalachdan gach roinn de choimhearsnachd Alba sna co-dhùnidhean agus san obair againn.
2. Tro 'obrachadh caidreachail', a' roinn nam fòraman air deagh mhodh-obrach agus a' còmhradh ri buidhnean co-ionannachd, chruinnich sinn fiosrachadh a neartaicheas agus a stèidhicheas an Sgeama taobh a-staigh SNH. Tha seo a' gabhail a-steach cur an gnìomh 'measadh buaidh co-ionannachd' (EqIA). Chuir stèidheachadh a' phrìomh inneal measaidh seo sa mhodh-obrach againn gu mòr ri tuigse rianachd air na bhios a dhith ann an Sgeama Shingilte Co-ionannachd (ris an car Sgeama Co-ionannachd SNH).
3. Tro 'obrachadh caidreachail', ghabh sinn pàirt ann an roinn fiosrachadh co-ionannachd agus ann am pileat chùisean airson a dhol an sàs ann an co-ionannachd còmhla ri ùghdarrasan poblach eile². B' e toradh seo gun do stèidhichadh am modh-obrach as fheàrr agus roinn nam builean san raon seo. A' gluasad air adhart, tha e na amas aig a' chaidreachas dòigh-obrach a leasachadh a bheir goireasan còmhla gus trèanadh agus seirbheisean a libhrigeadh do luchd-obrach ùghdarrasan poblach.

Measadh Buaidh Co-ionannachd (EqIA)

1. Mar phàirt dhen dleastanas reachdail a tha oirnn fo laghan co-ionannachd, feumaidh SNH Measaidhean Buaidh Co-ionannachd (EqIA) a ghabhail os làimh agus fhoillseachadh. Bidh am pròiseas EqIA a' sgrùdadh gnìomh a tha a' dol air adhart³ no a tha air a mholadh agus a' bhuidhean a dh'fhaodadh a bhith aige air daoine sna sia buidhnean co-ionannachd. 'S e an t-amas gun smaoinichear agus gun aithnichear buaidh a dh'fhaodadh lethbhreith a dhèanamh air buidhnean sònraichte sa choimhearsnachd agus am measg an luchd-obrach.
2. Thèid aig luchd-obrach air faighinn gu stiùireadh agus fiosrachadh feumail a chuidicheas iad gu bhith a' dèanamh EqIA tron mhion-làrach 'Co-ionannachd agus Eugsamhlachd' air intra-lìon SNH. Chaidh an stiùireadh a sgrìobhadh ann am Beurla shìmplidh gus gum bi e nas fhasa greimeachadh air. Tha am pasgan obrach eileagtronaigeach a' toirt comas do luchd-obrach faighinn gu

² Gu h-àraidh tro na Buidhnean Poblach Neo-roinneil (NDPB) Fòram Co-ionannachd agus Caidreachas Dealbhachaidh Coimhearsnachd na (HCPP) agus Buidheann Co-ionannachd

³ Dh'fhaodadh 'gnìomh' a bhith a' ciallachadh pròiseact, poileasaidh, seirbheis, goireas, rannsachadh, pàipear stiùiridh, obair togail no comasachaidh, tachartas no foillseachadh

rannsachadh iomchaidh agus staitistigs bho stòran a-muigh gus taic a thoirt dha na EqlAs aca.

3. Am-bliadhna chuir sinn ‘eisimpleirean’ de EqlA air a’ mhion-làrach. Thug sin àite tòiseachaidh do dh’oifigearan clàraidh airson EqlAs. Tha na h-‘eisimpleirean’ nan goireas airson EqlAs san àm ri teachd, a’ lùghdachadh na dh’fheumar de dh’ùine agus a’ cur an reat crìochnachaidh am meud. Tha taobh cudromach eile air na h-‘eisimpleirean’ agus ’s e sin a bhith a’ brosnachadh cunbhalachd ann a bhith gan cur an sàs. ’S e a’ bhuannachd an seo gum bi sinn a’ dol an sàs ann an co-ionannachd ann an dòigh chothromach sa bhuidheann againn.
4. Chaidh ath-sgrùdadh a dhèanamh air ciad mheasadh buaidh obraichean agus sheirbheisean an aonad measaidh a-staigh againn, bho ire thràth a’ phròiseact Co-ionannachd is Eugsamhlachd, agus nithear liosta phrìomhachasan on sin. Chaidh fios mun seo a leigeil gu gnìomhachasan planadh gnothachais airson gun cruthaich iad ‘eisimpleir’ de EqlA airson nan raointean poileasaidh aca. Chomharraich grunnan EqlA buaidhean a dh’fhaodadh a bhith air cùisean gnè agus tha iad sin ann am Pàipear-taice 4.
5. Bha e am beachd na Sgioba Co-ionannachd agus Eugsamhlachd an toiseach ochd ‘Seiseanan Fiosrachaidh air Buaidh Co-ionannachd’ a chumail eadar an t-Samhain 2009 agus am Màrt 2010 ann an corra àite air feadh Alba. Bha na seiseanan sin ag amas ruith tron phròiseas EqlA agus cothrom a thoirt dha na buidhnean a bhiodh an làthair eisimpleirean cearta, buntainneach a thoirt seachad. Ach nochd na ciad bheachdan bhon luchd-obrach gum biodh modh-obrach a bha a’ bualadh barrachd air daoine fa leth nas fheàrr. Mar thoradh air an sin, chùm sinn seiseanan nas mionaidiche gus gun tigeadh iad nas fheàrr ri feumalachdan bhuidhnean beaga, aonadan fa leth agus sgiobaidhean. Ann a bhith a’ toirt taic do cho-ionannachd, dh’fheuch an sgioba E&D a bhith sùbailte a thaobh modhan libhrigidh, ag èisteachd ri luchd-obrach agus, mar sin, a’ feuchainn ri na fomalachdan aca a choinneachadh cho math ’s a ghabhadh. Mar thoradh air an sin, chùm na ‘Seiseanan Fiosrachaidh air Buaidh Co-ionannachd’ a’ dol na b’ fhaide na deireadh a’ Mhàirt 2010.

Rannsachadh

6. Tha rannsachadh air leth riatanach do SNH agus tha e cudromach mar in a bhith mothachail air cùisean co-ionannachd agus eugsamhlachd. Tha an t-aonad Càileachd Beatha air rannsachadh a dhèanamh còmhla ri Comhairle Pheairt is Chinn Rois agus Sportscotland. Chaidh an rannsachadh a dhèanamh tro shuirbhidh poblach gus buidhnean sònraichte a chomharrachadh nach àbhaist a

Achieving Equality and Diversity Naturally

bhith a' gabhail pàirt ann am foghlam air a' bhlàr a-muigh, no nach bi ach ainneamh. Bhon toradh, tha sinn airson tuigse nas fheàrr fhaotainn air carson a tha buidhnean sònraichte ann an Alba nach bi a' cleachdadh nan goireasan airson a bhith a-muigh, no nach eil a' dèanamh sin ach ainneamh. Togaidh seo air obair a rinn sinn roimhe, a' coimhead air bacaidhean bho bhith a' faighinn tlachd sa bhlàr a-muigh. Bidh seo na bhuannachd do bhuill sna sia iallan co-ionannachd.

7. Rinn sinn Pàipear dhan Bhòrd, 'Enjoying the Outdoors – Update and Proposed Priorities for supporting increased Participation'. Nochd sin poileasaidh SNH air an dòigh as fheàrr san cuir sinn ri daoine a bhith a' gabhail barrachd pàirt ann an cur-seachadan a-muigh, obair shaor-thoileach, ionnsachadh a-muigh agus turasachd, gu h-àraidh am measg òigridh agus bhuidhnean le eas-bhuannachdan.
8. Bidh sinn glè thric a' cleachdadh fianais on taobh a-muigh gus taic a chumail ri rannsachadh a nì sinn agus an toradh aige. Tha còmhraidhean a' dol air adhart tro na fòraman co-ionannachd a fhrithheileas sinn airson gum bi e nas fhasa dhuinn rannsachadh buntainneach a roinn. Tron chaidreachas còmhla ri Buidheann Co-ionannachd HCPP, chuir sinn còmhla ar n-obair a thaobh clàradh rannsachadh agus fianais airson gun stèidhich sinn brìgh nan Sgeamachan Co-ionannachd orra. Thug seo dhuinn 'Aithisg Fianais Co-ionannachd' far a bheil gach buidheann a' toirt seachad geàrr-chunntas air prìomh chùisean agus molaidhean bho iomadh rannsachadh. Chleachd gach buidheann an uair sin am fiosrachadh seo mar chuideachadh gu bhith a' cumadh nan sgeamachan co-ionannachd aca, agus gu h-àraidh le uiread againn gu bhith a' tòiseachadh air Sgeamachan Singilte Co-ionannachd a chumadh.
9. Tha sinn ag obair còmhla ri buill de Fòram Co-ionannachd NDPB gus faighinn thairis air na bacaidhean teicneòlais a thaobh a bhith a' roinn rannsachadh, agus gus nach bi aig buidhnean co-ionannachd ri bhith an-còmhnaidh a' freagairt nan aon cheistean. Tha seo a-nis na nì leantainneach air clàr-ghnothaich coinneamhan an fhòram.

Trèanadh agus Togail Mothachaidh

10. Tha sgioba Co-ionannachd agus Eugsamhlachd SNH a' leantainn orra le libhrigeadh nan seiseanan air mothachadh a thogail mu Cho-ionannachd agus Eugsamhlachd do choinneamhan aonadan air feadh na dùthcha. Tha an raon deo dhen obair againn air a bhith a' tighinn air adhart fad na h-ùine, agus gu ruige seo, tha 63% dhen luchd-obrach a tha an-dràsta aig SNH air seisean air togail mothachaidh a fhrithhealadh. Cuideachd, leudaich sinn libhrigeadh gus barrachd air coinneamhan aonaid a ghabhail a-steach airson gum biodh cothrom aig daoine fa leth air seiseanan a fhrithhealadh nan togradh iad. Tha

seo a' dèanamh cinnteach gu bheil an solarachadh sùbailte agus gu bheil taic ann nuair a tha feum air.

11. Mar phàirt dhen innleachd gus trèanadh a lìbhrigeadh agus mothachadh a thogail am measg luchd-obrach, tha siostam Ionnsachaidh-d air-loidhne aig SNH. Bhon Dàmhair 2010, thèid iarraidh air luchd-obrach, nach b' urrainn na 'taisbeanaidhean', a fhrithealadh, na modalan ionnsachaidh-d 'Dùbhlán Eugsamhlachd' agus 'Bunaitean Co-ionannachd' a dhèanamh. Tha sinn air na modalan sin ùrachadh gus gum bi e nas fhasa na cùisean co-ionannachd bho na sia iallan, gnè nam measg, a sgrùdadh. A bharrachd air an sin, tha a' bhrìgh mar phàirt de chùrsa trèanaidh an Diploma ann an Stiùireadh agus Trusadh agus Taghadh a tha barantaichte le I.L.M.
12. Tha am paca fàilte dha gach neach-obrach ùr agus tha dleastanasan agus còraichean an luchd-obrach ann co-cheangailte ri 'Co-ionannachd agus Eugsamhlachd'. Tha am paca cuideachd ag innse cò air am feum SNH, mar ùghdarras poblach, a bhith mothachail gus co-ionannachd chothroman a bhrosnachadh. Ged a tha e cudromach gum bi daoine fa leth mothachail air an còraichean agus an dleastanasan a thaobh 'Co-ionannachd agus Eugsamhlachd', tha e cuideachd riatanach brosnachadh a dhèanamh air mar a tha an obair-san a' cur ri dleastanas farsaing SNH. Feumaidh luchd-obrach a bhios a' tòiseachadh às ùr aig SNH am modal air 'Bunaitean Co-ionannachd' a dhèanamh mar phàirt dhen trèanadh aca.
13. Le stèidheachadh Laoich Eugsamhlachd taobh a-staigh a' bhuidhinn, chruthaich sin taic aig ìre ionadail do chùisean co-ionannachd agus eugsamhlachd do luchd-obrach air feadh a' bhuidhinn. Tha coinneamhan cunbhalach nan Laoch Eugsamhlachd a' cur ri cumadh co-ionannachd agus eugsamhlachd taobh a-staigh SNH, a tha a' gabhail a-steach amalachadh a' phròiseas EqIA. Bidh laoich a' toirt mholaidhean bhon luchd-obrach chun na Sgioba Co-ionannachd agus Eugsamhlachd air cùisean trèanaidh agus togail mothachaidh.

A' stèidheachadh co-ionannachd ann an siostaman

14. An dèidh stòr dàta ùr phròiseactan agus ibids a stèidheachadh airson tagraidhean maoinachaidh a chur a-steach, feumaidh stiùirichean phròiseactan a-nis nochdadh am feum am pròiseact aca EqIA nuair a bhios iad a' tagradh airson maoinachadh. Le bhith a' cur cuideam air EqIA aig an ìre seo, tha stiùirichean phròiseactan gam brosnachadh gu bhith a' smaoinachadh am bi feum air EqIA airson a' phròiseact aca, agus mar sin bidh iad a' dèanamh iarrtasan stòrais nas mionaidiche aig ìre nas tràithe ann an ceum a' phlanaidh.

15. Leigidh am pròiseas airson lèirmheas air obair agus poileasaidhean leinn EqIAs a chruthachadh no a sgrùdadh. Bidh beachdachadh air cùisean co-cheangailte ri gnè agus iallan co-ionannachd eile, a' cuideachadh le bhith a' dèanamh co-ionannachd agus eugsamhlachd àbhaisteach air feadh a' bhuidhinn. Ann am Pàipear-taice 4 tha EqIA far an do thaisbean measadh buaidh a' bhuidhinn a dh'fhaodadh a bhith ann, gu h-àraidh a thaobh gnè.

Fastadh

16. Chaidh eacarsaich daingneachadh dàta a dhèanamh a' cleachdadh stòr dàta ipeople gus fiosrachadh a chruinneachadh co-cheangailte ri eugsamhlachd luchd-obrach. Cha do ghabh mòran pàirt an seo a' chiad turas. Tha brosnachadh a bhith a' gabhail pàirt na leithid sin, agus mìneachadh air an fheum a bhith a' cumail sùil air staitistigs luchd-obrach a-nis gan còmhach sna seiseanan mothachaidh do luchd-obrach agus ann an conaltradh. Dh'fhoillsich HR Plana Gnìomh Co-ionannachd 2010-2011 san robh gnìomhan a bharrachd gus cuideam a chur air dealas SNH mar fhaistidhear le co-ionannachd chothroman.

Taicean-airgid agus Maoineachadh

17. Tha SNH air leantainn a' toirt taic-airgid do phròiseactan a tha a' brosnachadh pàirt a ghabhail ann an dualchas nàdair. Tha seo a' còmhach taic do phròiseactan mar 'Garden for Life' aig Tuathanas Gorgie, prògram saor-thoileach a tha a' tàladh taic bho bhuidhnean à mion-chinnidhean⁴ agus 'Men in Mind' (pròiseact slàinte inntinn do dh'fhir). Bidh sinn cuideachd a' toirt taic-airgid gus cuideachadh a bhith a' toirt barrachd chothroman do dhaoine gus eòlas a chur air an àrainneachd iad fhèin. Tha tèarmann aig Seirbheis Chloinne Women's Aid sna Crìochan 'Goes Wild in the Country' ann an Deard, ach bidh iad cuideachd a' cumail taic ri daoine nan dachannan. Bidh an luchd-obrach a' brosnachadh nam boireannach agus na cloinne gu bhith a' faighinn barrachd eòlais a-muigh air an dùthaich le bhith gan toirt a-mach air cuairtean nàdair. 'S e eisimpleir eile am maoineachadh airson Eugsamhlachd agus in-ghabhaltachd aig an Ionad Eag-eòlais ann an Ceann Gronna. Bidh luchd-obrach an ionaid a' cleachdadh an an sgilean agus an eòlas air an sgìre

⁴ www.farmgarden.org.uk: Chillies & Roses

gus a h-uile seòrsa duine a thoirt còmhla, gu h-àraidh daoine nach biodh an lùib dualchas nàdair air dhòigh sam bith eile.

Gnìomhachd agus Co-chomhairleachadh

18. Tha sinn a' cumail oirnn ag obair còmhla ri buidhnean mar na Pàircean Nàiseanta, Fòram Co-ionannachd na Gàidhealtachd is nan Eilean agus Lionra Dùthchail Co-ionannachd Alba le bhith a' roinn fiosrachadh agus a' cur ri fòraman mu chùisean co-ionannachd san fharsaingeachd.
19. Ann an 2009 ghabh sinn pàirt ann cùisean gnìomhachd coimhearsnachd HCPP⁵ mar phàirt ann an dòighean air daoine a tharraing a-steach. B' e amas nan tachartasan sin dòigh-obrach a bhith againn eadarainn agus còmhradh a chumail a' dol eadar coimhearsnachdan agus solaraichean sheirbheisean ann am Buidheann Co-ionannachd HCPP. Chuir na toraidhean ri barrachd leasachaidh ann an sgeamachan co-ionannachd ar compàirtichean. Chumadh tachartasan ann an trì àiteachan sa Ghàidhealtachd, agus fhrithheil riochdairean bho HCPP na tachartasan agus ghabh iad pàirt annta. Ged nach robh an t-uabhas an làthair, chuir an fheadhainn a bha an làthair fàilte air a' chùis mar chothrom air co-ionannachd agus eugsamhlachd a bhrosnachadh, agus chuir iad luach air a' chothrom coinneachadh ri daoine eile le ùidh sna h-aon rudan.

Lèirmheas air an Sgeama Co-ionannachd Gnè

20. San Iuchar 2009 rinn an sgioba measaidh a-staigh againn lèirmheas air a' Phròiseact Co-ionannachd airson stiùireadh co-ionannachd agus eugsamhlachd SNH a mheasadh. Thug na toraidhean dearbhadh dhuinn gun robh solarachadh SNH mar bu chòir, ach rinn iad moladh no dhà cuideachd. Mhol an luchd-measaidh gun robh feum air leasachadh pròiseact nam 'Measaidhean Buaidh Co-ionannachd', gus a bhith cinnteach gun gabh luchd-obrach ionadail os làimh an fheadhainn le 'mòr phrìomhachas' ann an ùine reusanta. A bharrachd air an sin, bu chòir stòrasan a chomharrachadh nas tràithe gus treòrachadh a thoirt dhan obair a tha a' dol air adhart co-cheangailte ri lèirmheasan sgeama co-ionannachd agus a bhith a' cumail sùil air obair EqIA an dèidh deir crìochnachaidh a' phròiseact. Chuireadh fàilte air molaidhean an lèirmheas mar chothrom air cumadh dhan obair againn gus gluasad air adhart agus chaidh an cur ris a' Phlana Gnìomh.

⁵ Highland Community Planning Partnership (HCPP)

21. Thug an deuchainn fèin-mheasaidh ‘Best Value’ bho fhrèam-obrach⁶ Audit Scotland Equalities cothrom do SNH beachdachadh air piseach leantainneach agus ullachadh airson measadh bliadhnail dhen Sgeama. Chuir e cuideam air raointean san do chuir sinn ri roinneadh fiosrachaidh agus modh-obrach EqIA. Nochd e raointean far am feumar barrachd a choileanadh, mar eisimpleir ‘seilbh’ agus ‘cànan’. Chan eil seilbh nan dleastanasan gus prìomh raointean a choileanadh san ‘Sgeama Plana Gnìomh Co-ionannachd’ an-còmhnaidh aig na h-aonadan air an ainmeachadh sna planaichean. Chan eil cunbhalachd cànanain thar aonadan ann a bhith a’ toirt iomradh air cùisean co-ionannachd. Mar eisimpleir air an seo, tha am poileasaidh airson coinneachadh ri eas-bhuannachd sa bheil mìneachadh eadar-dhealaichte air na sgeamachan co-ionannachd againn. Feumar beachdachadh air cùisean eile ris nach do choinnicheadh sna planaichean Gnìomh Sgeama airson nan trì bliadhna mu dheireadh nuair a bhios sinn a’ gluasad gu Sgeama Co-ionannachd SNH gus a bhith cinnteach gun dèanar lèirmheas, agus gun coileanar, na prìomh chùisean a chaidh aithneachadh bho thùs.
22. San t-Sultain 2009, dh’aithnich sinn gum biodh obair a dh’ionnsaigh Sgeama Singilte Co-ionannachd a’ cur feum air tuigse nas fheàrr na bhathar an dùil de dh’Achd Co-ionannachd 2010, agus barrachd gnìomhachd bho na buidhnean a bha gan riochdachadh. Chaidh co-dhùnadh gun na trì sgeamachadh atharrachadh gu Sgeama Co-ionannachd SNH gu 2010/11, nuair a bhios an Achd an gnìomh. Cuideachd cumar coinneamh còmhla ri buidhnean co-ionannachd airson seo san t-Sultain 2010. Fhuaradh aonta an Sgioba Co-ionannachd & Eugsamhlachd a chumail bliadhna eile chun a’ Ghiblein 2011 gus obair a thoirt air adhart gu prìomh cho-ionannachd agus eugsamhlachd.

Dè bhios sinn a’ dèanamh sa bhliadhna a tha romhainn?

23. Bidh sinn a’ leasachadh pròiseas ruigsinneachd EqIA le bhith a’ dol gu cruth nas eileagtronaigiche. Bidh EqIA na phàirt de shiostam buidseat ùr taobh a-staigh SNH, agus atharraichidh e gu bhith na inneal pròiseact. ’S e amas seo an ceangal eadar pròiseas EqIA agus planaichean gnìomh thar an t-siostam a shealltainn. Faodaidh stiùirichean EqIA a chleachdadh gus luchd-cleachdaidh air an taobh a-muigh a chomharrachadh agus gus a bhith a’ tuigsinn feumalachdan an t-sluaigh bho fhìor thoiseach gnòthaich. Training and Awareness Raising
24. Tha tuilleadh sheiseanan air togail mothachaidh san amharc againn airson deireadh Ràith 2 (2010/2011). Gus tuilleadh leudachaidh a thoirt air ruigsinneachd an sgeama, agus gus barrachd luchd-obrach a bhrosnachadh

⁶ <http://www.scotland.gov.uk/Resource/Doc/136268/0033771.pdf>

gu pàirt a ghabhail, tha cothrom ann do dhaoine na seiseanan as fheàrr a fhreagras air am pàtran agus an àite obrach aca a fhrithealadh. Tha cothrom ann cuideachd tadhal agus ceangalan bhidio a dhèanamh ri oifisean sna h-eileanan gus gum faigh nas urrainn dhen luchd-obrach pàirt a ghabhail.

Sgeama Co-ionannachd SNH, Gnìomhachd agus Co-chomhairleachadh

25. Air a' 1^d Sultain bidh sinn a' cumail Feasgar Còmhraidh mun Sgeama Co-ionannachd. Thug sinn cuireadh do riochdairean bho bhuidhnean co-ionannachd bho air feadh Alba cur ri còmhraidh, brìgh agus slighe an Sgeama Co-ionannachd⁷.

26. Tha cruthachadh an Sgeama Shingilte Co-ionannachd agus am Plana Gnìomh a' nochdadh còmhla ri dleastanasan coitcheann agus sònraichte san roinn phoblach a tha co-cheangailte ris an Achd Co-ionannachd. Nithear co-chomhairleachadh mun dreachd air an taobh a-staigh agus còmhla ri buidhnean co-ionannachd, luchd-obrach agus am poball. Bidh obair a tha ri dhèanamh fhathast agus sgrùdadh sam bith air na trì sgeamachan a bh' ann roimhe nam pàirt de dhreachd Sgeama Co-ionannachd SNH a thèid fhoillseachadh tràth san Dùbhlachd 2010.

Co-dhùnadh

27. Air a' bhliadhna a chaidh seachad, bha fòcas mòr air leasachadh eadar-aghaidhean a leigeas leinn obrachadh còmhla ri luchd-obrach agus mothachadh a thogail nam measg airson gun coinnich sinn nas fheàrr ri feumalachdan nan dleastanasan san roinn phoblach. Tro Sgeama Co-ionannachd SNH, agus le buidhnean gnè a bhith an sàs a bharrachd air buidhnean co-ionannachd eile, bidh cothrom againn am plana gnìomh a sgrùdadh, targaidean ath-mheasadh agus na builean a chur ann an òrdugh prìomhachais.

Katie Eardley & Felicity Lally
Sgioba Co-ionannachd agus Eugsamhlachd

⁷ Fhuair gach riochdaire cothrom cur ris a' chùis ann an sgrìobhadh ma bhios sin nas freagarraiche (faic Pàipear-taice 2 agus 3)

Pàipear-taice 1 - Plana Gnìomh – Adhartas san Iuchar 2010

1. Cur an gnìomh & Brosnachadh an Sgeama Co-ionannachd a thaobh Ciorram & Prògram Co-ionannachd & Eugsamhlachd				
Gnìomh	Dleastanas	Targaid	Adhartas	Toradh
Comharraich stòrasan sònraichte (Iuchd-obrach agus ionmhas)	Coileanadh Gnothachais & Luchd-cleachdaidh (BCP)	Samhain 2007	Co-ionnachadh & Eugsamhlachd ga ghabhail a-steach ann am planadh gnothachais gach aonad	Stòrasan a' phròiseact tèarainte gu Màrt 2011.
		Màrt 2008	Buidseat Eugsamhlachd cinnteach	Meas an t-adhartas a rèir Planaichean Gnìomh Co-ionannachd
		Faoilleach 2008	Laoich Eugsamhlachd air an cur an dreuchd	
Lean le Leasachadh Prògram Co-ionnachd & Eugsamhlachd agus leasachadh Ro-innleachd Eugsamhlachd	BCP	A' leantainn le lèirmheas sa Mhàrt 2009	Sgrìobhainn tòiseachaidh a' phròiseact air aontachadh le Bòrd Pròiseact Ro-innleachd Dhaoine agus leis an Sgioba Stiùiridh	Co-ionannachd air àbhaisteachadh le prìomhachasan corporra
Dèan lèirmheas agus sgaol iomradh air adhartas ann an Aithisg Bhliadhnail SNH	BCP	Ògmhios 2008	<i>Iomradh ann an aithisg 2007/08</i>	Iomradh air adhartas san Aithisg Bhliadhna
		Ògmhios 2009	<i>Iomradh ann an dreachd aithisg 2008/09</i>	
Review and revise scheme on a three yearly basis	BCP	Ògmhios 2010	Aithisg agus Lèirmheas deiseil	Sgeama ga fhoillseachadh a h-uile 3 bliadhna Atharrachadh Sgeama Co-ionannachd SNH deiseil airson fhoillseachadh tràth san Dùbhlachd 2010
2. Na Lùib & Co-chomhairleachadh				
Gnìomh	Dleastanas	Targaid	Adhartas	Toradh

Leasaich stiùireadh air ‘Measaidhean Buaidh Co-ionannachd’ airson an cleachdadh air feadh a’ bhuidhinn	BCP	Màrt 2009	Deiseil	EqIA air fhisge a-steach dha gach pròiseas planaidh a thaobh poileasaidh agus phròiseactan
A’ leasachadh ro-innleachd/modh-obrach coitcheann gus daoine ann am buidhnean co-ionannachd eile, gnè nam measg, a tharraing a-steach	BCP	Fhathast a’ dol	Mion-làrach Co-ionannachd & Eugsamhlachd a’ gabhail a-steach stiùireadh do luchd-obrach mu bhith a’ faighinn gach buidheann co-ionannachd na lùib	Modh conaltraidh nas fheàrr air a leasachadh, a’ togail eòlas air cùisean agus co-chomhairleachadh mu leasachadh poileasaidh agus modh-obrach
3. Leasachadh Ro-innleachd agus Poileasaidh				
Gnìomh	Dleastanas	Targaid	Adhartas	Toradh
Lèirmheas air in-ghabhaltachd iomradh co-ionannachd agus eugsamhlachd agus targaidean sa Phlana Corporra agus ann am Planaichean	Sgioba Stiùiridh (CPEU)	Samhain 2007	Co-ionannachd & Eugsamhlachd an sàs againn sa phròiseas planadh gnothachais	A’ coileanadh gnìomhachd agus a’ cumail sùil air adhartas gus coinneachadh ris a’ phlana ùr co-ionannachd agus amasan ùra sam bith
A’ leasachadh prògram thar SNH a thaobh prìomhachas agus a’ foillseachadh measaidhean buaidh airson poileasaidhean a th’ ann agus feadhainn ùra	A h-uile aonad	Màrt 2010	Chaidh seo a chur dhan Phlana Gnothachais Corporra. Fòcas air gnìomhachdan/poileasaidhean ùra no feadhainn air an ath-sgrùdadh msaa	Feum cumail a’ cur an sàs “smaoineachadh EqIA” HR air EqIA a dhèanamh air 4 poileasaidhean HR (Smachd & Piseach, Gearan, Stiùireadh Coileanaidh, Stiùireadh ùine far obair). Barrachd ath-sgrùdaidh a dhìth air modh-obrach co-chomhairleachaidh.
4. Obair & Seirbheisean SNH (Caidreachasan)				
Gnìomh	Dleastanas	Targaid	Adhartas	Toradh
A’ gabhail a-steach chumhachan ann an sònrachadh chùmnantan gus ar dleastanasan co-ionannachd a choileanadh	Stiùirichean Phròiseactan Solarachaidh	TBD	A’ beachdachadh air agus a’ feitheamh stiùireadh air Dleastanasan Co-ionannachd	Barrachd mothachaidh air cùisean co-ionannachd ann am buidhnean taobh a-muigh an roinn phoblach

A' dèanamh cinnteach gu bheilear a' beachdachadh air dleastanasan co-ionannachd ann a bhith a' measadh phròiseactan airson taic-airgid bho SNH	Taicean-airgid	TBD	A' beachdachadh air Pròiseact Taicean-airgid	Meudachadh san àireamh dhaoine/buidhnean co-ionannachd a' cur airson taic-airgid bho SNH
Ag obair ann am compàirt ri Ionad Stòrasan Alba airson Boireannaich ann an Saidheans, innleadaireachd agus teicneòlas agus Dreuchdan Alba, agus solaraichean foghlaim gus cothroman obrach ann an SNH a bhrosnachadh ann an sgoiltean is colaistean A' beachdachadh air obair sam bith eile ri dhèanamh gus coinneachadh ri cothromachach gnè thar gach seòrsa agus ìre obrach	HR Càileachd Beatha	Ga ath-sgrùdadh	Ann an 2009, fhritheil HR Fèill Dhreuchdan ann an Colaiste Àiteachais Alba gus cothroman obrach coitcheann a bhrosnachadh. Ri beachdachadh air, agus ri phrìomhachadh, ann an leasachadh an Sgeama Shingilte Co-ionannachd.	Chan eil am fiosrachadh gu lèir ann airson faighinn a-mach an tàinig piseach air cothromachadh gnè ann a thaobh luchd-obrach ùr ann an dreuchdan gun uiread de riochdachadh.
Foilseachadh				
A' stèidheachadh shiostaman sam faigh fir agus mnathan fiosrachadh ann an dòigh a tha co-ionann	Foilseachadh, Conaltradh & Follaiseachd	Ògmhios 2010	Chaidh na foillseachaidhean againn a mheasadh, chaidh EqIA a dhèanamh airson foillseachadh Iris, chaidh cuairt-litir ath-sgrùdadh agus thathar a' sgrùdadh na làraich-lìn gu tur. Ri beachdachadh air, agus ri phrìomhachadh, ann an leasachadh an Sgeama Shingilte Co-ionannachd.	Gheibh a h-uile duine fiosrachadh gu furasta
Cur-seachad & Ruigsinneachd				
A' beachdachadh air barrachd shlighean ioma-adhbhar a thogail agus slighean freagarrach do charbadan phàistean	Làraich Càileachd Beatha air an Stiùireadh	Ògmhios 2010	EqIA Iomradh Poileasaidh Shlighean SNH agus co-chomhairleachadh deiseil. Brosnaichidh seo a bhith a' cruthachadh barrachd shlighean ruigsinneach.	Barrachd bhoireannach a' tadhal air làraich dualchas nàdair. A' gabhail a-steach a bhith a' cumail sùil air planadh phròiseactan san àm ri teachd. Ath-sgrùdar seo fo Sgeama Co-ionannachd SNH.
Gnìomh	Dleastanas	Targaid	Adhartas	Toradh

<p>A' cur fiosrachadh mu shàbhailteachd ann an àitichean poblach</p>	<p>Conaltradh & Follaiseachd Càileachd Beatha</p>	<p>Ògmhios 2010</p>	<p>Chaidh sgrùdadh a dhèanamh air na foillseachaidhean againn agus mhaoinich sinn seirbheisean Luchd-raoin le cumhachan mothachadh Co-ionannachd nan lùib. Air an làraich-lìn ùir, tha ceangalan gu fiosrachadh sàbhailteachd airson àiteachan tadhail airson gun gabh co-dhùnadh a dhèanamh ron tadhal. Tha bileagan ann le fiosrachadh ruigsinneachd, a-rithist airson co-dhùnadh a dhèanamh ron àm.</p>	<p>Barrachd bhoireannach agus barrachd chloinne a' tadhal air làraich dualchas nàdair, a' gabhail a-steach measadh planadh phròiseactan san àm ri teachd. Ath-sgrùdar seo fo Sgeama Co-ionannachd SNH.</p>
<p>5. Fastadh</p>				
<p>Gnìomh</p>	<p>Dleastanas</p>	<p>Targaid</p>	<p>Adhartas</p>	<p>Toradh</p>
<p>Lèirmheas air a bhith a' toirt a-steach comasachd eugsamhlachd coitcheann (a' gabhail a-steach ciorram, cinneadh, gnè msaa) dha gach stiùiriche agus neach-obrach</p>	<p>Trèanadh HR</p>	<p>Deireadh 2007</p>	<p>Deiseil</p>	<p>Stiùirichean air am measadh a thaobh comasachd eugsamhlachd. Chan eil comasachd shònraichte eugsamhlachd ann, ach thathar a' cleachdadh "A' cur luach air daoine eile airson na tha iad a' dèanamh." Chan eil sgrùdadh ga dhèanamh fhathast air gluasadan measaidh.</p>
<p>A' dèanamh cinnteach gun coimhead an ath Mheasadh Pàigheadh Co-ionann Ensure air cùisean pàigheadh co-ionann</p>	<p>HR</p>	<p>Màrt 2009</p>	<p>Deiseil</p>	<p>A' dèanamh cinnteach à pàigheadh co-ionann airson obair cho-ionann. Cha do chomharraich an sgrùdadh air Pàigheadh Co-ionann càil. Bidh an ath sgrùdadh air Pàigheadh Co-ionann ann sa Mhàrt 2011.</p>

A' beachdachadh air barrachd obrach airson am poileasaidh againn air obrachadh sùbailte a bhrosnachadh am measg an luchd-obrach a dh'aindeoin gnè, aois agus dleastanasan	HR	Lùnastal 2007	Rinneadh a' chiad Measadh Buaidh air poileasaidh le sùil ri barrachd buaidh bhon Sgrùdadh air Pàigheadh Co-ionann agus on Phròiseact Dhuaisean is Aithneachaidh	Barrachd a bhith a' roghnachadh obrachadh sùbailte do dh'fhir agus do luchd-obrach a tha a' tighinn gu aois an dreuchd a leigeil dhiubh. Tha barrachd ri dhèanamh a thaobh seo.
Trusadh				
Gnìomh	Dleastanas	Targaid	Adhartas	Toradh
A' beachdachadh air barrachd obrach airson am poileasaidh againn air obrachadh sùbailte a bhrosnachadh am measg an luchd-obrach a dh'aindeoin gnè, aois agus dleastanasan	HR	Lùnastal 2007	Rinneadh a' chiad Measadh Buaidh air poileasaidh le sùil ri barrachd buaidh bhon Sgrùdadh air Pàigheadh Co-ionann agus on Phròiseact Dhuaisean is Aithneachaidh	Barrachd a bhith a' roghnachadh obrachadh sùbailte do dh'fhir agus do luchd-obrach a tha a' tighinn gu aois an dreuchd a leigeil dhiubh. Tha barrachd ri dhèanamh a thaobh seo fon Sgeama Shinhilte Co-ionannachd.
Target recruitment of specific jobs (senior managers and junior administrators to redress imbalance – review	HR	Mar a nochdas dreuchdan	Nithear barrachd beachdachaidh air, agus nithear prìomhachas dheth, ann an leasachadh Sgeama Co-ionannachd nd prioritised in developing SNH	A' meudachadh na tha de bhoireannaich agus de fhireannaich a' cur airson dhreuchdan nach eil traidiseanta dhaibh
6. Togail Mothachaidh air Co-ionannachd agus Eugsamhlachd agus Trèanadh				
Gnìomh	Dleastanas	Targaid	Adhartas	Toradh
A' tòiseachadh prògram gus mothachadh a thogail air cùisean eugsamhlachd agus a' dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach SNH mothachail air an dleastanasan agus an uallaich	BCP	Fhathast a' dol	Thogadh mothachadh bho 44 % ann an 2007 gu 66% ann an 2008. Chuitreadh crìoch air ro-shealladh agus brìgh an taisbeanaidh. Taisbeanaidhean a' tòiseachadh meadhan an Ògmhios agus a' dol gu cothrom a thoirt dhan luchd-obrach gu lèir am frithealadh. Conaltradh a' cumail air adhart air an taobh a-staigh le cuairt-litir, bùird brath agus brath an latha.	Meudachadh mpthachaidh air co-ionannachd & eugsamhlachd air taobh a-muigh agus a-staigh a' bhuidhinn. A' togail mothachadh an luchd-obrach a thaobh EqIAs a dhèanamh.

A' cumail leudachadh a thaobh Eugsamhlachd sa Phrògram Trèanaidh Chorporra gus mothachadh an luchd-obrach a thogail a thaobh mothachadh agus tuigse air cùisean eugsamhlachd	HR Trèanadh / BCP	Fhathast a' dol	<i>Deiseil</i> Paca ionnsachaidh agus tachartas, paca ionnsachaidh-d agus modalan riatanach airson Diploma ann an Stiùireadh, trusadh agus taghadh. Bùithtean-obrach EqIA ri tighinn an dèidh nan Taisbeanaidhean	Luchd-obrach ùr a' faighinn ceangal gu <i>Diversity Challenge</i> , seata ionnsachaidh-d a tha a' còmhachd iall co-ionannachd gnè. Thathar a' sgrùdadh seo an dèidh an Trèanaidh Chorporra gus a bhith cinnteach gun deach a dhèanamh
7. A' cumail Sùil agus a' Measadh				
Gnìomh	Dleastanas	Targaid	Adhartas	Toradh
A' comharrachadh raointean/obraichean airson an sgrùdadh agus a' leasachadh prògram sgrùdaidh co-ionannachd agus eugsamhlachd	A h-uile aonad	Deireadh 2007	Chaidh slatan-tomhais a chur dha na siostaman corporra againn. Bheir seo cothrom dhuinn raointean eile a chomharrachadh airson tuilleadh leasachaidh.	Comasach adhartas a thomhas a dh'ionnsaigh dleastanasan co-ionannachd. Ath-sgrùdar seo mar thoradh air Sgeama Co-ionannachd SNH.
A' toirt fa-near dleastanasan co-ionannachd ann an leasachadh Suirbhìdh In-ghabhaltachd (Suirbhìdh Luchd-cleachdaidh) ri dhèanamh ann an 2008	CPEU	luchar 2008	Aithisg Dheireannach air a foillseachadh	A' measadh nam beàrnan sna feumalachdan seirbheis an-dràta a thaobh luchd-cleachdaidh le ciorram.
A' dèanamh suirbhìdh air an luchd-obrach le ceistean sònraichte mu cho-ionannachd agus eugsamhlachd. Sùil ri thoirt air gach bliadhna	HR	Faoilleach 2007 Giblean 2008	Suirbhìdh ann an 2008 ag ràdh gun robh 88% dhe na fhreagair Ag aontachadh gu mòr/ Ag aontachadh gu bheilear a' dèiligeadh riutha gu cothromach a dh'aindeoin gnè msaa.	A' faighinn a-mach na tha de mhothachadh ann air cùisean eugsamhlachd (gnè nam measg) thar SNH. Thuirt an suirbhìdh ann an 2010 gun robh 92% dhe na fhreagair Ag aontachadh/Ag aontachadh gu mòr gu bheilear a' dèiligeadh riutha gu cothromach a dh'aindeoin gnè msaa.
Lèirmheas air cleachdadh na làraich-lìn gus fiosrais agus dàta fhaotainn air cùisean gnè (agus cùisean co-ionannachd eile)	Ro-innleachd & Conaltradh	A' dol fhathast	A' dol air adhart mar phàirt de phròiseact làrach-lìn	Comas leasachaidhean a thomhas ann an seirbheisean bho stèidhicheadh DED
Sgrùdadh a dhèanamh air cothromachadh gnè am measg an luchd-obrach tro 'Aithisg air Daoine'	HR	Dùbhlachd 2007	Fhathast a' dol air adhart	A' cumail sùil air cùisean co-ionannachd ann an obair agus a' toirt iomradh orra

Pàipear-taice 2



Feasgar Còmhraidh SNH air Sgeama Co-ionannachd ann an Ionad Iain mhìs an t-Saoir, Dùn Èideann
Diciadain 1^d Sultain 2010
13:00 – 16:00

A bheil thu airson cur ri cuideachadh a bhith a' dealbhadh dreachd Sgeama Co-ionannachd airson nan trì bliadhna a tha romhainn? Cuir fios gu Sgioba Co-ionannachd agus Eugamhlachd aig diversity@snh.gov.uk agus cuiridh sinn thugad barrachd fiosrachaidh.

No faodaidh tu fios a chur thugainn air 01463 725278 agus gheibh sinn am fiosrachadh agad air a' fòn. Cuir fios thugainn cuideachd nam b' fheàrr leat fiosrachadh fhaotainn agus beachd a thoirt seachad air post-d, post no fòn airson pàirt a ghabhail sa cho-chomhairleachadh air dreachd an Sgeama Co-ionannachd. Bidh sinn an dòchas cluinntinn bhut. Mòran taing.

Pàipear-taice 3

Loidhne-time Co-chomhairleachadh Sgeama Co-ionannachd SNH

2^{ra} Lùnastal 2010	Cuiridhean gu Coinneamh Sgeama Co-ionannachd
6^{mh} Lùnastal 2010	Cuireadh on Taobh A-muigh ann an Sgrìobhadh airson an Sgeama Co-ionannachd
1^d Sultain 2010	Coinneamh Sgeama Co-ionannachd air an Taobh A-muigh
8^{mh} Sultain 2010	Molaidhean Sgrìobhte on Taobh A-muigh air Dùnadh
13^{mh} Sultain 2010	Iarr Molaidhean Sgrìobhte A-staigh airson Sgeama Co-ionannachd
20^{mh} Sultain 2010	Coinneamh A-staigh air Sgeama Co-ionannachd
8^{mh} Sultain 2010	Molaidhean Sgrìobhte on Taobh A-muigh air Dùnadh
20^{mh} Dàmhair 2010	Dreachd Sgeama
21^{mh} Dàmhair 2010	Cuartaich dreachd Sgeama airson beachdan fhaighinn
20^{mh} Samhain 2010	Àm airson Bheachdan air dùnadh
15^{mh} Dùbhlachd 2010	Fiosrachadh air ais dha na beachdan
17^{mh} Dùbhlachd 2010	Foillseachadh Sgeama Co-ionannachd

Pàipear-taice 4: Eisimpleirean air mar a tha Measaidhean Buaidh Co-ionannachd SNH ag obair gus buaidh air gnè a chomharrachadh

Amasan Gnìomha	Buaidh a dh'fhaodadh a bhith aige	Gnìomh
<p>Rannsachadh Co-ionannachd</p> <p>Rannsachadh air na cnapan-starra a tha ro luchd-cleachdaidh sheirbheisean SNH agus dualchas nàdair</p> <p>Àireamh EqIA: B203694</p>	<ul style="list-style-type: none"> Bidh buidhnean fòcas ag iarraidh air luchd-freagraidh siubhal a bhadeigin air latha sònraichte airson pàirt a ghabhail ann an rannsachadh. Dh'fhaodadh nach faigh daoine le uallach airson cùram chloinne air siubhal aig amannan àraidh dhen latha no mura bheil curam ri fhaotainn 	<ul style="list-style-type: none"> Dèan cinnteach à fiosrachadh math mu chòmhdhail agus àitichean Smaoinich mu ghoireas cùram chloinne no pàigh cosgaisean cùram chloinne Smaoinich mu chòmhdhail a chur air dòigh chun an àite no pàigh cosgaisean Àite chun am faigh a' mhòr-chuid gu furasta Àiteachan sàbhailte, cofhurtail
<p>Plana Siubhail SNH – 2009-2012</p> <p>Amasan: Tro chleachdadh èifeachdach air stòrasan poblach, gabh a-steach agus brosnachadh luchd-obrach, luchd-tadhail agus feadhainn còmhla ris am bi SNH ag obair gu bhith a' dèanamh thurasan seasmhach gu obair agus gnothachas agus a' tadhal air ionadan SNH, agus a' lùghdachadh sgaoileadh CO2.</p> <p>Àireamh EqIA: B381335</p>	<ul style="list-style-type: none"> Uallach air luchd-cùram a thaobh dè cho luath 's a fhrithleair air cùis èiginn Beachdan air cunnart agus uallach mu shàbhailteachd pearsanta ann an àitichean gun sholais no gun dhaoine, nam measg slighean bhaidhsagal, pàircean chàraichean agus ceuman. Dh'fhaodadh dleastanasan cùram chloinne a bhith a' ciallachadh gu bheil daoine an urra barrachd air càraichean 	<ul style="list-style-type: none"> Tha poileasaidhean T&S ag ràdh gu bheil 'gad fhaighinn dhachaigh ann an èiginn' a' bualadh air an luchd-obrach gu lèir. Chan fhaod neach sam bith peanasan no sàrachadh fhulang air sgàth còmhdhail sònraichte sam bith a chleachdas iad gu pearsanta. 'S e an roghainn fhèin e.
<p>Taisbeanadh Co-ionannachd agus Eugsamhlachd 2009</p> <p>Tachartasan Togail Mothachaidh</p> <p>(Àireamh EqIA: B384236)</p>	<ul style="list-style-type: none"> Tha staitistigs a' sealltainn gu bheil barrachd bhoireannach ag obair pàirt ùine na tha de fhìreannaich, agus gu bheil uallach cùram air a' mhòr-chuid dhiubh. Mar sin dh'fhaodadh an uair bacadh a chur orra. Ùine ullachaidh a dhìth airson fàs eòlach air stuthan ro thachartas sam bith Dh'fhaodadh cuid a bhith mì-chofhurtail no truailte le Suathadh Corporra agus dh'fhaodadh ìomhaighean ìomhaighean agus briathrachas bacadh a chur orra 	<ul style="list-style-type: none"> Àite/Àite-fuirich/Biadh: Roghainn tachartasan a chumail ann an diofar àitichean Ma dh'fheumar fuireach fad oidhche, bidh e soilleir mar phàirt dhen trèanadh agus ullachadh cuideachd Air a thaghadh airson sàrachadh a sheachnadh agus cunnartan tèarainteachd. Còmhdhail: Mura bheil taisbeanadh san òifis no san àite trèanaidh àbhaisteach aig SNH, feuch gum bi e furasta faighinn ann Neach-trèanaidh: Feuch gum bi fìor dheagh thuigse agus mothachadh aig gach neach-trèanaidh a thaobh co-ionannachd agus eugsamhlachd Ensure each Trainer Cha bhi luchd-trèanaidh a' comharrachadh a-mach dhaoine ann am mion-bhuidhnean no ag iarraidh fiosrachadh bhuapa. Nì luchd-trèanaidh cinnteach nach bi an aon bhuidheann an-còmhnaidh a' faighinn làmh-an-uachdair sa chòmhradh

		Bheir luchd-trèanaidh a' toirt an aghaidh ann an dòigh dhearbhadh air droch chainnt no mì-mhodh sam bith eile.
Amasan Gnìomha	Buaidh a dh'fhaodadh a bhith aige	Gnìomh
Air a leantainn: Taisbeanadh Co-ionannachd agus Eugsamhlachd 2009 Tachartasan Togail Mothachaidh Àireamh EqIA: B384236		<ul style="list-style-type: none"> <u>Deitichean & Uairean</u> Seachain prìomh shaor-làithean na sgoile agus fèisean Taghadh de thachartasan tron bhliadhna Tachartasan taobh a-staigh uairean-obrach àbhaisteach Roghainn de thachartasan a' tòiseachadh aig uairean eadar-dhealaichte
iBids agus Seiseanan Fiosrachadh Phròiseactan iBids agus Seiseanan Fiosrachadh Phròiseactan – 'S e amas nan seiseanan seo gun cuir luchd-obrach eòlas air siostam ùr nan iBids agus nam Pròiseactan agus ceistean a fhreagairt air tagraidhean. Àireamh EqIA: B445515		<ul style="list-style-type: none"> Deit / uair – Atharraich lathaichean agus uair nan seiseanan gus am faigh na ghabhas de dhaoine cothrom am frithealadh.
Postairean Co-ionannachd agus Eugsamhlachd Postairean ag amas air luchd-obrach SNH gus fios a thoirt dhaibh air cùisean Co-ionannachd agus Eugsamhlachd, stòrasan	<ul style="list-style-type: none"> A' toirt fiosrachadh do dhaoine mun sgeama co-ionannachd gnè. 	<ul style="list-style-type: none"> Bidh measgachadh ìomhaighean air na postairean.

<p>agus cothroman. Àireamh EqIA: B487698</p>		
<p>Seachdain Bith-iomadachd Alba Dà chuairt threòraichte mar phàirt de Sheachdain Bith-iomadachd Alba. Mothachadh a thogail mu bhith-iomadachd gu h-ionadail do dhaoine a' tadhal no a' fuireach an Uibhist is am Beinnna Fadhla Àireamh EqIA: B611523</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Tachartasan a' cur fàilte iar duine sam bith pàirt a ghabhail agus cha dèanar lethbhreith a thaobh gnè 	
<p>Amasan Gnìomha</p>	<p>Buaidh a dh'fhaodadh a bhith aige</p>	<p>Gnìomh</p>
<p>Sgìre Dhùn Phris & Ghall-Ghàidhealaibh SNH Trèanadh Sgioba 2009 Priomh amasan: math airson sunnd agus ionnsachadh luchd-obrach; trèanadh, ie ag ionnsachadh/a' cur luach air sgilean ùra; a' tuigsinn dualchas nàdair; a' tuigsinn diofar bheachdan; a' còmhach iomadh nì a chòrdas ris a h-uile duine, a dh'aindeoin ire/eòlas air dualchas nàdair; neartachadh sgioba; tuigse nas fheàrr mun obair againn; spòrsail; freagarrach dhan h-uile duine, ie chan eil e ro throm air a' bhodhaiga' brosnachadh deagh obair sgioba còmhla ri daoine nach àbhaist dhut a bhith ag obair còmhla riutha, ie a' briseadh sìos rangachd obrach thraidiseanta; a' dèanamh ceangal ri compàirtichean a-muigh agus gan tuigsinn nas fheàrr; nithean cruthachail agus dùbhlach. Àireamh EqIA: C250809</p>	<ul style="list-style-type: none"> • <u>Talla a' Bhaile</u> Toileatan dha gach gnè • <u>Prògram Thachartasan</u> Air smaoineachadh gu math mun deit agus air a h-ainmeachadh ann an deagh ùine. Uairean tòiseachaidh is crìochnachaidh a' gabhail sùim de chùram-chloinne. Modhan còmhachail sùbailte ceadaichte. Aon latha taobh a-staigh uairean oifis – no chan eil ri fuireach oidhche. Roghainn ghnìomhan airson iomadh dreuchd agus comas. An talamh agus an t-astar freagarrach dhan h-uile duine sa bhuidheann. A' coiseachd aig luathas an duine as slaodaiche sa bhuidheann. Coinneamh às dèidh làimhe gus fiosrachadh fhaighinn air ais. 	

